

## C1-6-1-1 Modal 6 Aonad 1

### Earrannan Èisteachd

#### Earrann 1 (1. Èist ) Dè tha thu ag iarraidh?

C1-6-1-2	a.	Calum:	Dè tha thu ag iarraidh?
		Dòmhnull:	Tha mi ag iarraidh cupa tì.
C1-6-1-3	b.	Mòrag:	A bheil thu ag iarraidh cupa tì?
		Ceitidh:	Chan eil. Tha mi ag iarraidh cofaidh.
C1-6-1-4	c.	Màiri:	A bheil am pathadh ort?
		Daibhidh:	Tha. Tha mi ag iarraidh uisge.
C1-6-1-5	d.	Aonghas:	A bheil thu ag iarraidh sùgh ubhail?
		Catriona:	Chan eil. Tha mi ag iarraidh sùgh orainseir.
C1-6-1-6	e.	Sìne:	A bheil thu ag iarraidh cupa cofaidh?
		Iain:	Chan eil. Tha mi ag iarraidh seòclaid theth.
C1-6-1-7	f.	Barabal:	A bheil thu ag iarraidh bainne anns an tì?
		Pòl:	Chan eil. Cha toigh leam bainne.
C1-6-1-8	g.	Niall:	Mmm! Tha mi ag iarraidh còc.
		Anna:	Mmm! Tha mise ag iarraidh sùgh liomaid.

#### C1-6-1-9 Earrann 2 (2a. Èist) A bheil thu ag iarraidh deoch?

C1-6-1-10	Neach-frithealaidh:	Feasgar math agus fàilte gu Cafaidh Cofaidh! Nise, a bheil sibh ag iarraidh deoch?
	Uile:	Tha, tapadh leibh.
	Ailean:	Iain, dè tha thu ag iarraidh?
	Iain:	Tha mi ag iarraidh uisge.
	Ailean:	Anna?
	Anna:	Tha mi ag iarraidh bainne.
	Ailean:	A Néill?
	Niall:	Tha mise ag iarraidh sùgh orainseir.
	Ailean:	Iseabail?
	Iseabail:	Tha mise ag iarraidh tì.



Ailean: A Cheit. A bheil thu ag iarraidh deoch?

Ceit: Tha. Tha mise ag iarraidh cofaidh.

Neach-frithealaidh: Glè mhath. Agus sibh fhèin?

Ailean: Hmm ... Tha mi ag iarraidh còc, mas e ur toil e. Tha am pathadh orm.

Uile: Tapadh leibh.

Neach-frithealaidh: 'S e ur beatha.

### **C1-6-1-11 Earrann 3 (4a/b. Èist ) A bheil am pathadh ort?**

- C1-6-1-12 a. Màthair: A bheil thu ag iarraidh deoch, Sharon?  
Sharon: Chan eil, tapadh leibh. Chan eil am pathadh orm.
- C1-6-1-13 b. Màthair: A bheil am pathadh ort, a Thòmais?  
Tòmas: Tha, beagan.  
Màthair: Dè tha thu ag iarraidh?  
Tòmas: Tha mi ag iarraidh cupa tì, tapadh leibh.
- C1-6-1-14 c. Murchadh: A bheil am pathadh ort, Iain?  
Iain: Chan eil.
- C1-6-1-15 d. Anna: Ò, tha am pathadh orm! Tha mi ag iarraidh sùgh orainseir.
- C1-6-1-16 e. Karen: Hai, a Mhàrtainn! Dè bha thu a' dèanamh an-diugh?  
Màrtainn: Bha mi a' cluich ball-coise agus tha am pathadh orm anis.  
Karen: A bheil thu ag iarraidh sùgh liomaid?  
Màrtainn: Ò, tha, tapadh leat. Ò, tapadh leat. Bha e math.
- C1-6-1-17 f. Donna: A bheil thu ag iarraidh deoch, a Sheumais?  
Seumas: Tha. Tha am pathadh orm.  
Donna: Dè tha thu ag iarraidh?  
Seumas: Tha mi ag iarraidh uisge.  
Ò, tapadh leibh. Tha sin math dha-rìribh.



**C1-6-1-18 Earrann 4 (7. Èist ) Tha an t-acras orm**

- C1-6-1-19 a. Mmm. Tha an t-acras orm. Tha mi ag iarraidh feòil agus buntàta.
- C1-6-1-20 b. Anna: A bheil an t-acras ort, a Chaluim?  
Calum: Tha.  
Anna: Dè tha thu ag iarraidh?  
Calum: Tha mi ag iarraidh iasg agus sliseagan.
- C1-6-1-21 c. 'S toigh leam coiridh le cearc.
- C1-6-1-22 d. Catriona: Tha mi ag iarraidh tost le ìm.  
Màiri: Tost le ìm. Glè mhath. A bheil thu ag iarraidh aran donn no aran geal?  
Catriona: Aran donn, mas e do thoil e.
- C1-6-1-23 e. Cha toigh leam feòil. Is toigh leam sailead le càise.
- C1-6-1-24 f. Tha mi ag iarraidh brot le aran geal.
- C1-6-1-25 g. Ò, tha an t-acras orm. Tha mi ag iarraidh piotsa le sailead.
- C1-6-1-26 h. Nise, dè tha mi ag iarraidh – cèic no briosgaidean? Ò, chan eil fhios agam.
- C1-6-1-27 i. Tha mi ag iarraidh peur, orainsear agus ubhal.
- C1-6-1-28 j. Mmm, is toigh leam seòclaid agus is toigh leam suiteis eile cuideachd!
- C1-6-1-29 k. Tha an t-acras orm. Tha mi ag iarraidh isbeanan le sliseagan.
- C1-6-1-30 l. Mmm, bha na h-isbeanan math! Nise, tha mi ag iarraidh paidh ubhail le uachdar.



C1-6-1-31 m. Cailean: Dè tha thu ag iarraidh, a Mhairead? A bheil thu ag iarraidh peur no ubhal?

Mairead: Peur no ubhal? Gu dearbh, chan eil. Tha mi ag iarraidh reòiteag.

C1-6-1-32 n. Tha mi ag iarraidh ceapaire le feòil.

### **C1-6-1-33 Earrann 5(8a/8b. Èist ) Anns a' chafaidh**

C1-6-1-34 a. Ailean: Tha an t-acras orm a-nis! A bheil an t-acras oirbh fhèin?

All: Tha!

Ailean: Gabhaibh mo leisgeul ...

Neach-frithealaidh: Seadh? Dè tha sibh ag iarraidh?

Ailean: Tha mi ag iarraidh piotsa.

Neach-frithealaidh: Aon phiotsa. Glè mhath.

C1-6-1-35 b. Ceit: Tha mise ag iarraidh sailead le càise.

C1-6-1-36 c. Iain: Is toigh leamsa sailead cuideachd. Tha mi ag iarraidh sailead le cearc.

Neach-frithealaidh: Ceart.

C1-6-1-37 d. Neach-frithealaidh: Agus dè tha thusa ag iarraidh?

Niall: Tha mi fhèin ag iarraidh iasg agus sliseagan.

C1-6-1-38 e. Anna: Euch! lasg agus sliseagan ... chan eil mise ag iarraidh sin. Tha mise ag iarraidh isbeanan le buntàta.

C1-6-1-39 f. Neach-frithealaidh: Agus sibh fhèin?

Iseabail: Tha mise ag iarraidh brot.

Neach-frithealaidh: A bheil sibh ag iarraidh aran cuideachd?

Iseabail: Tha, mas e ur toil e. Aran donn.



Neach-frithealaidh: Glè mhath. Sin aon phiotsa, sailead le càise, sailead le cearc, iasg agus sliseagan, isbeanan le buntàta agus brot le aran donn. Obh, obh! Tha an còcaire cho crosta an-diugh. Fuirichibh deich mionaidean!

---

**C1-6-1-40 Earrann 6 (10a/b. Èist agus bruidhinn ) A bheil an t-acras ort?**

- C1-6-1-41 a. Athair: A bheil thu ag iarraidh biadh, Uilleim?  
Uilleam: Chan eil, tapadh leibh. Chan eil an t-acras orm.
- C1-6-1-42 b. Athair: A bheil an t-acras ort, Ealasaid?  
Ealasaid: Tha, beagan.  
Athair: Dè tha thu ag iarraidh?  
Ealasaid: Tha mi ag iarraidh tost, tapadh leibh.
- C1-6-1-43 c. Murchadh: A bheil an t-acras ort, Fionnlagh?  
Fionnlagh: Chan eil.
- C1-6-1-44 d. Barabal: Ò, tha an t-acras orm! Tha mi ag iarraidh iasg agus sliseagan Eilidh? A bheil thu fhèin ag iarraidh dad?  
Eilidh: Chan eil, a Bharabal, tapadh leat. Chan eil an t-acras orm.
- C1-6-1-45 e. Sìne: A bheil an t-acras oirbh, a Mhìcheil?  
Mìcheal: Tha an t-acras orm.  
Sìne: Dè tha sibh ag iarraidh?  
Mìcheal: Tha mi ag iarraidh ubhal. Ò, tha seo math! Is toigh leam übhlann.
- C1-6-1-46 f. Daibhidh: A bheil an t-acras ort, a Chatriona?  
Catriona: Tha.  
Daibhidh: Dè tha thu ag iarraidh?  
Catriona: Tha mi ag iarraidh càise agus briosgaidean.



---

**C1-6-1-47 Earrann 7 (17. Èist ) Dà sgillinn**

- C1-6-1-48 a. Tha sgillinn agam.
- C1-6-1-49 b. Tha dà sgillinn agam.
- C1-6-1-50 c. Tha còig sgillinn agam.
- C1-6-1-51 d. Tha deich sgillinn agam.
- C1-6-1-52 e. Tha fichead sgillinn agam.
- C1-6-1-53 f. Tha caogad sgillinn agam.
- C1-6-1-54 g. Tha not agam.
- C1-6-1-55 h. Tha dà not agam.
- C1-6-1-56 i. Tha còig notaichean agam.
- C1-6-1-57 j. Tha deich notaichean agam.
- C1-6-1-58 k. Tha fichead not agam.
- C1-6-1-59 l. Tha trithead not agam.

---

**C1-6-1-60 Earrann 8 (18. Èist) Nam sporan, tha...**

- |           |            |  |
|-----------|------------|--|
| C1-6-1-61 | a. Màiri   | Tha fichead sgillinn agam.                 |
| C1-6-1-62 | b. Tòmas   | Tha dà not agam nam sporan.                |
| C1-6-1-63 | c. Mìcheal | Tha deich notaichean agam.                 |
| C1-6-1-64 | d. Donna   | Nam sporan, tha caogad sgillinn.           |
| C1-6-1-65 | e. Seumas  | Tha not agam nam sporan.                   |
| C1-6-1-66 | f. Shahira | Tha còig notaichean agus dà sgillinn agam. |

---

**C1-6-1-67 Earrann 9 (19. Èist) Dà sgillinn dheug**

- C1-6-1-68 a. Tha dà sgillinn dheug agam.
- C1-6-1-69 b. Tha trithead sgillinn 's a seachd agam.
- C1-6-1-70 c. Tha caogad not 's a h-aon agam.
- C1-6-1-71 d. Tha ochd notaichean deug agam.
- C1-6-1-72 e. Tha naochad not 's a naoi agus naochad sgillinn 's a naoi agam.
- C1-6-1-73 f. Tha seasgad sgillinn 's a sia agam.



### C1-6-1-74 Earrann 10 (20. Èist ) Prìsean

- C1-6-1-75    a. Mòrag:    Dè tha thu ag iarraidh, a Shìne?  
                     Sìne:    Tha co-là-breith aig mo mhàthair. Tha mi ag iarraidh cùc.  
                     Mòrag:    Seo. Tha a' chèic seo trì notaichean agus fichead sgillinn.  
                     Sìne:    Ò, tha sin snog!
- C1-6-1-76    b. Seumas:    Tha mi ag iarraidh seacaid. Is toigh leam an t-seacaid sin.  
                     Màthair:    Chan eil fhios agam, a Sheumais. Tha i caogad not 's a h-ochd.
- C1-6-1-77    c. Neach-bùtha: Madainn mhath, Sandra. Dè tha thu ag iarraidh?  
                     Sandra:    Tha mi ag iarraidh aran donn, mas e do thoil e.  
                     Neach-bùtha: Glè mhath. Seo aran donn. Tha e not agus seachd sgillinn.
- C1-6-1-78    d. Cailean:    An toigh leat am fòn-làimhe sin, a Mhàrtainn?  
                     Mhàrtainn:    Is toigh ach tha e ochdad not 's a sia.  
                     Cailean:    Ochdad not 's a sia. Obh, obh!
- C1-6-1-79    e. Neach-bùtha: Hai, a Mhàiri. Dè tha thu ag iarraidh an-diugh?  
                     Mhàiri:    Tha mi ag iarraidh ceithir ùbhlan, mas e ur toil e. Tha mo mhàthair a' dèanamh paidh ubhail. Tha i math air còcaireachd.  
                     Neach-bùtha: Sin thu, a Mhàiri. Nise, naochad sgillinn 's a dhà, mas e do thoil e.
- C1-6-1-80    f. Seonag:    A bheil thu ag iarraidh ceapaire, a Dhaibhidh?  
                     Daibhidh:    Tha. Tha an t-acras orm.  
                     Seonag:    Dà cheapaire le càise, mas e do thoil e.  
                     Neach-bùtha: Ceithir notaichean is trithead sgillinn.  
                     Seonag:    Eh? Fuirich mionaid! Tha mi duilich. Chan eil mo sporan agam.  
                     Daibhidh:    Huh! Seo.  
                     Seonag:    Tapadh leat, a Dhaibhidh. Tha thu cho laghach...



**C1-6-1-81 Earrann 11 (22. Èist) Ag obair ann am bùth**

- C1-6-1-82 a. Manaidsear: Ceart. A bheil thu deiseil? Seo na prìsean.  
Tha currain naochad sgillinn.
- C1-6-1-83 b. Tha orainsearan seasgad sgillinn 's a trì.
- C1-6-1-84 c. Tha uinneanan not agus seachdad sgillinn 's a còig.
- C1-6-1-85 d. Tha aran donn not agus deich sgillinn.
- C1-6-1-86 e. Tha übhlann caogad sgillinn.
- C1-6-1-87 f. Tha aran geal not agus fichead sgillinn.
- C1-6-1-88 g. Tha briosaidean ochdad sgillinn 's a ceithir.
- C1-6-1-89 h. Tha silidh not agus còig sgillinn deug.
- C1-6-1-90 i. Tha buntàta dà not agus trithead sgillinn.
- C1-6-1-91 j. Tha uighean not agus ceathrad sgillinn.
- C1-6-1-92 k. Tha cèicean trì notaichean agus còig sgillinn.
- Abair barganan anns a' bhùth an-diugh!

**C1-6-1-93 Earrann 12 (24a. Èist agus sgrìobh) A bheil orainsearan agaibh?**

- C1-6-1-94 a. Manaidsear: Hallò, a Mhàiri! Ciamar a tha sibh an-diugh?  
Màiri: Chan eil dona idir.  
Manaidsear: Nise, dè tha sibh ag iarraidh?  
Màiri: A bheil orainsearan agaibh?  
Manaidsear: Tha. Cia mheud?  
Màiri: Sia. Dè na tha iad?  
Manaidsear: Tha iad ochdad sgillinn.  
Màiri: Agus a bheil cofaiddh agaibh?  
Manaidsear: Tha. Seo. Tha e dà not agus caogad sgillinn. Ceart. Sia  
orainsearan agus cofaiddh. Sin trì notaichean agus  
trithead sgillinn.  
Màiri: Trì notaichean agus trithead sgillinn. Glè mhath.  
Manaidsear: Tapadh leibh. Mar sin leibh!  
Màiri: Mar sin leibh!



- C1-6-1-95    b. Manaidsear: Hallò, Ahmed. Dè tha dol?
- Ahmed: Chan eil mòran. Tha mi ag iarraidh càise.
- Manaidsear: Tha Cheddar agus Edam agam.
- Ahmed: Mmm! Cheddar, mas e ur toil e. Dè na tha e?
- Manaidsear: Not agus naochad sgillinn.
- Ahmed: Agus a bheil aran donn agaibh?
- Manaidsear: Chan eil. Tha mi duilich. Ach, tha aran geal agam. Tha e saor – seasgad sgillinn.
- Ahmed: Glè mhath.
- Manaidsear: Ceart. Sin dà not agus caogad sgillinn, Ahmed.
- Ahmed: Seo trì notaichean.
- Manaidsear: Agus seo caogad sgillinn.
- Ahmed: Tapadh leibh.
- Manaidsear: 'S e ur beatha. Mar sin leibh!
- Ahmed: Mar sin leibh!
- 
- C1-6-1-96    c. Seònaid: Madainn mhath!
- Manaidsear: Madainn mhath, a Sheònaid! Dè tha sibh ag iarraidh an-diugh?
- Seònaid: Tha tì agus cèicean.
- Manaidsear: Seo an tì.
- Seònaid: Dè phrìs a tha an tì?
- Manaidsear: Tha i trì notaichean agus ceathrad sgillinn.  
Cia mheud cèic?
- Seònaid: Chan eil fhios agam. Dè na tha iad?
- Manaidsear: Caogad sgillinn.
- Seònaid: Ceithir, ma-thà.
- Manaidsear: Seo. Ceithir cèicean – dà not. Nise, tha sin còig notaichean agus ceathrad sgillinn.
- Seònaid: Ò, agus a bheil briosgaidean seòclaid agaibh cuideachd?
- Manaidsear: Seo. Tha iad not.
- Seònaid: Tapadh leibh. Tha iad uabhasach blasta. Dè na tha sin a-nis?
- Manaidsear: Sia notaichean agus ceathrad sgillinn, mas e ur toil e.
- Seònaid: Seo deich notaichean.



Manaidsear: Agus seo trì notaichean agus seasgad sgillinn.  
Tapadh leibh.

Seònaid: Tapadh leibh. Tioraidh an-dràsta!

Manaidsear: Tioraidh!

### C1-6-1-97 Earrann 13 Sùil air ais 4a (Sùil air ais 4a) Bùth MhicLeòid

- C1-6-1-98 a. Neach-bùtha: Hallò, a Mhairead, ciamar a thu thu an-diugh?  
Mairead: Ò, tha mi uabhasach trang. Tha mo bhràthair agus an teaghlaich a' tighinn airson dinnear.
- C1-6-1-99 b. Neach-bùtha: Obh, obh! Dè tha thu ag iarraidh ma-thà?  
Mairead: Tha mi ag iarraidh isbeanan. Is toigh le Calum agus Catriona isbeanan.  
Neach-bùtha: Isbeanan. Glè mhath. Sin not agus fichead sgillinn 's a còig.
- C1-6-1-100 c. Mairead: Agus a-nise: buntàta, uinneanan agus currain, mas e do thoil e.  
Neach-bùtha: Seo a-nise. Tha am buntàta seo uabhasach math airson sliseagan.  
Mairead: Math dha-rìribh! Is toigh le mo bhràthair sliseagan...  
Neach-bùtha: Sin trì notaichean agus ochd sgillinn deug.  
Mairead: Eh? Airson glasraich?
- C1-6-1-101 d. Neach-bùtha: An robh thu ag iarraidh rud sam bith eile?  
Mairead: Bha. Deochan, mas e do thoil e.  
Neach-bùtha: Tha an sùgh orainseir seo blasta.  
Mairead: Dè a' phrìs a tha e?  
Neach-bùtha: Tha e naochad sgillinn 's a trì.  
Mairead: Ò, tha sin daor. Am faigh mi sùgh ubhail agus bainne?  
Neach-bùtha: Sùgh ubhail agus bainne. Seo ma-thà. Sin dà not agus sia sgillinn.
- C1-6-1-102 e. Mairead: Tha sin gu leòr. Dè na tha sin uile gu leir?  
Neach-bùtha: Nise. Isbeanan, buntàta, currain, uinneanan, sùgh ubhail agus bainne. Sin sia notaichean, ceathrad sgillinn 's a naoi.  
Mairead: Dè? Obh, obh! Chan eil sgillinn ruadh agam a-nise.



---

**C1-6-1-103 Earrann 14 (Sùil air ais 6 Èist, sgrìobh agus bruidhinn)  
Dè tha thu ag iarraidh?**

- C1-6-1-104 a. A bheil an t-acras ort?
- C1-6-1-105 b. A bheil thu ag iarraidh dinnear?
- C1-6-1-106 c. Dè am biadh a tha thu ag iarraidh?
- C1-6-1-107 d. A bheil am pathadh ort?
- C1-6-1-108 e. A bheil thu ag iarraidh deoch?
- C1-6-1-109 f. Dè an deoch a tha thu ag iarraidh?

---

**C1-6-1-110 Earrann 15 (Sùil air ais 7) Òran**

Biadh agus Deoch  
(air fonn: Brochan Lom)

Brochan agus bainne agus isbeanan is piotsa,  
Brochan agus bainne agus isbeanan is piotsa,  
Brochan agus bainne agus isbeanan is piotsa,  
Sailead càise, brot, buntàta, cupa tì is brioscaid.

Aran donn is aran geal, sliseagan is reòiteag,  
Aran donn is aran geal, sliseagan is reòiteag,  
Aran donn is aran geal, sliseagan is reòiteag,  
Orainsear is ùbhlan agus suiteis agus seòclaid.

